

# Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Am Màrt 2022 - Air ùrachadh



Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

## 6. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh cothrom a bhith aig tidsearan air ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd de dh'àrd-chàileachd gus taic a thoirt dhaibh le Foghlam Meadhan Gàidhlig.

6.1 Is e tidsearan de dh'àrd-chàileachd am maoin as luachmhor a th' aig Alba a thaobh a bhith a' dèanamh àm ri teachd a tha tèarainte airson na Gàidhlig. Feumar a bhith a' sìor chur luach air tidsearan agus a bhith a' toirt taic dhaibh san dreuchd dheatamach a tha seo agus leis an uallach a th' orra. Air an taobh fhèin, feumaidh na tidsearan cothrom a ghabhail air an taic a thathar ag ullachadh dhaibh. Tha Teaching Scotland's Future<sup>4</sup> ag aithneachadh gum feum tidsearan cothrom a bhith aca air **ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd** de dh'àrd-chàileachd. Tha seo a' gabhail a-steach taic speisealaichte ann an raointean leithid Foghlam Mheadhan Gàidhlig. Feumaidh tidsearan taic fhaighinn ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan raon de luchd-ionnsachaidh le bhith ag obair còmhla ri feadhainn as urrainn taic a thoirt a thaobh a bhith a' libhrigeadh làn churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig. Feumar aithne cuideachd a thoirt don dealas leantainneach a dh'fheumar a thaobh tidsearan Foghlam Meadhan na Gàidhlig gus a bhith a' sìor ùrachadh an eòlais air briathrachas speisealta, air cànan agus air a bhith a' planadh làn churraicealaim.

6.2 Tha ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd a tha èifeachdach a' coinneachadh ri riatanasan Inbhean Proifeiseanta Comhairle Coitcheann na h-Alba agus a' cumail fòcas air tùs fhoghlam thidsear ann a bhith ag uidheamachadh thidsearan leis na sgilean, leis an eòlas is leis an tuigse airson a bhith a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd ann an curraicealam 3-18. Tha am **fòcas a thathar a' moladh airson ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd** a' gabhail a-steach:

- bogadh agus dòighean-teagaisg airson cànan a thogail;
- teagaisg gràmair agus briathrachas speisealta;
- a' leasachadh litearrachd tron Ghàidhlig thar a' churraicealaim;
- a' toirt cuideachadh dhaibhsan aig a bheil feum air taic len ionnsachadh
- a' leasachadh làn churraicealam airson Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- a' dèanamh feum de, 's a' cur ri, teicneòlas fiosrachaidh airson a bhith a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- modhan-obrach airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a thaobh a bhith a' leasachadh cànan le aoisean is ìrean eadar-dhealaichte 3-18, a' gabhail a-steach clasaichean de dh'iomadh ìre agus ag uidheamachadh thidsearan gus raon de chuspairean 's de co-theacsaichean a libhrigeadh a tha a' leasachadh ionnsachadh Gàidhlig a tha a' sìor dhol air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach nan tidsearan air fad, tidsearan cànan is cuspair, a tha a' cur ris na h-earrannan a chaidh an comharrachadh nas tràithe sa pharagraf seo 's ann an cuspairean mar slàinte is sunnd, agus foghlam pearsanta is sòisealta,

---

<sup>4</sup> [Teaching Scotland's Future](#) Graham Donaldson, Dùbhlachd 2010

- còir air taic, air foghlam cràbhach is moralta agus air a bhith a' libhrigeadh dhuiscean tro mheadhan na Gàidhlig leithid Duaisean Iain Muir.

6.3 Tha am prògram *Streap*<sup>5</sup> le Oilthigh Obar Dheathain air a leasachadh ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig agus air a làn-mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha an luchd-ùidh ga chomharrachadh mar nì a tha soirbheachail ann a bhith ga dhèanamh comasach do thidsearan a bhith a' togail a' bhriathrachais 's a' mhisneachd a dh'fheumas iad airson cuspairean sònraichte a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Le bhith a' leantainn air adhart ga leasachadh, gheibhear com-pàirteachas bho thidsearan, bho luchd-taic cànan is clas, bho thidsearan-taic agus bho àrd-mhanaidsearan.

6.4 Tro sgrùdadh is leasachadh proifeiseanta, tha e comasach do luchd-cleachdaidh a bhith a' comharrachadh am feumalachdan-ionnsachaidh proifeiseanta agus 's urrainn dhaibh taic fhaighinn bho thachartasan nàiseanta agus ionadail. Bu chòir seo gabhail a-steach a bhith a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr a tha a' tighinn am bàrr ann am Foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach an cleachdadh a th' air a mhìneachadh sa Chomhairle seo, gus ealantas a leasachadh, stòrasan a cho-roinn 's a sholarachadh agus buaidh a thoirt air coileanadh dhaoine òga. Tha toraidhean bho sgrùdaidhean-sgoile gan cleachdadh gus cothrom a thoirt dhan luchd-dreuchd fhèin a bhith a' sònrachadh an ionnsachaidh phroifeiseanta a dh'fheumar gus leantainn air adhart a' brosnachadh ionnsachadh, teagasg is ceannardas nas fheàrr san t-solair Ghàidhlig.

6.5 Tro leasachadh is measadh a' **churraicealam airson Foghlam Mheadhan na Gàidhlig**, bu chòir iomradh a thoirt air na pàipearan buntainneach a chaidh fhoillseachadh, gu sònraichte an t-sreath mu *A' togail a' Churraicealaim*, *The Refreshed Narrative*<sup>6</sup> *The Refreshed Narrative* agus *Aithisg an Àrd-neach-sgrùdaidh* a tha a' suidheachadh na thathar a' sùileachadh ann a bhith a' cur an cèill stiùireadh nàiseanta air a' churraicealam.

---

<sup>5</sup> [Streap: Postgraduate Certificate in Gaelic Medium Education – Sabhal Mòr Ostaig](#)

<sup>6</sup> [Scotland's Curriculum for Excellence \(scotlandscurriculum.scot\)](http://scotlandscurriculum.scot)